



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

## **Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba**

DREACHD PLANA GÀIDHLIG

**2023-28**

# FACAL TOISICH

Fàilte

Tha a' Ghàidhlig aig cridhe dearbh-aithne nàiseanta na h-Alba, ar dualchas cultarach agus ar n-eachdraidh.

Tha am plana seo a' mìneachadh mar a tha Pàrlamaid na h-Alba an dùil togail air, leasachadh agus adhartachadh cleachdadh a' chànain tron obair aice anns na còig bliadhna ri thighinn.

Ghabh a' Phàrlamaid ris an reachdas a tha na bhunait don phlana seo o chionn 18 bliadhna. B' e an t-adhbhar dèanamh cinnteach gun leanadh a' Ghàidhlig mar phàirt de bheatha làitheil na h-Alba, chan ann a-mhàin do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh a' chànain ach do dhaoine eile cuideachd.

Tha mise den bheachd gu bheil am plana seo a' toirt na h-inbhe agus spèis don Ghàidhlig air a bheil i airidh agus a' sealltainn dealas Pàrlamaid na h-Alba airson a leasachaidh.

A' togail air an obair a rinn sinn mar-thà, tha am plana seo ag aithneachadh beachdan dhaoine air feadh na h-Alba air mar a dh'iarradh iad gum biomaid a' conaltradh agus a' cleachdadh na Gàidhlig.

Tha mi moiteil, mar Oifigear Riaghlaidh, a bhith ag ath-dhaingneachadh ar dealais don Ghàidhlig agus tha mi a' coimhead air adhart ris an obair sa phlana seo fhaicinn a' cuideachadh le adhartachadh agus seasmhachd a' chànain a chumail a' dol ann an coimhearsnachdan air feadh na h-Alba.

Am Fìor Urr. Alison Johnstone BPA, Oifigear Riaghlaidh

# CLÀR-INNSE

Facal Toisich.....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
Tuairisgeul air dleastanasan Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba agus far a bheil na h-oifisean aice.....	4
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrigeadh fios gum feumar plana Gàidhlig a dheasachadh.....	4
Aontachadh ri Plana Gàidhlig BCPA .....	5
Co-chomhairle air dreachd Phlana Gàidhlig BCPA .....	5
Sùil fharsaing air a' Ghàidhlig ann an Alba.....	6
Gàidhlig ann an Raon-ùghdarras BCPA.....	6
In-sgrùdadh air Comas sa Ghàidhlig .....	16
Am Plana Gàidhlig anns an structar chorporra.....	17
A' bhuaidh aig planadh is poileasaidh air a' Ghàidhlig .....	21
Ag àbhaisteachadh na Gàidhlig .....	21
Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig .....	22
Dealas a thaobh raointean prìomhachais Plana Nàiseanta na Gàidhlig.....	23
Geallaidhean a' Phlana .....	25
Geallaidhean Àrd-ìre .....	25
Geallaidhean .....	27
Buileachadh agus Sgrùdadh .....	56
Clàr-ama .....	56
Foillseachadh a' Phlana .....	56
Maoineachadh a' Phlana:.....	57
Sgrùdadh a' Phlana.....	57
Leas-phàipear 1: Plana Gàidhlig BCPA – Aithisg Cho-chomhairleachaidh .....	58

Ro-ràdh

## TUAIRISGEUL AIR DLEASTANASAN BUIDHEANN CHORPORRA PÀRLAMAID NA H-ALBA AGUS FAR A BHEIL NA H-OIFISEAN AICE

Tha Pàrlamaid na h-Alba air a dèanamh suas de 129 Buill Pàrlamaid na h-Alba (BPA). Bidh na 129 BPA a' taghadh aon dhiubh fhèin a bhith na Oifigear Riaghlaidh agus dithis BhPA mar Leas Oifigearan Riaghlaidh.

Is e buidheann reachdail a th' ann am Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (BCPA) air a stèidheachadh le Achd na h-Alba 1998 agus tha còignear bhall ann – an t-Oifigear Riaghlaidh, a tha na chathraiche air a' Bhuidhinn, agus ceathrar Bhall air an taghadh leis a' Phàrlamaid.

Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' taghadh buill Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, a tha an uair sin cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba airson an luchd-obrach, togalaichean agus seirbheisean a sholarachadh a tha a dhìth air a' Phàrlamaid airson a h-obair a choileanadh.

Bha BCPA a' fastadh 536 neach-obrach agus bha cosgais obrachaidh lom de £120.4M aice ann an 2021-22.<sup>1</sup> Tha i suidhichte ann an togalach Pàrlamaid na h-Alba ann an Dùn Èideann. Airson tuilleadh fiosrachaidh, faic duilleagan [BCPA air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba](#).

Tha na gnìomhan reachdail agus eile aig Pàrlamaid na h-Alba eadar-dhealaichte bho gnìomhan rianachd BCPA. Tha am Plana seo a' buntainn ri BCPA agus chan ann ri Pàrlamaid na h-Alba. Tha ullachadh airson cleachdadh chànanan ann an gnothaichean na Pàrlamaid air a mhìneachadh anns na Gnàth-riaghailtean (Faic 7.1) a tha [rim faighinn air-loidhne](#). Gheibhear barrachd fiosrachaidh air mar a thèid seirbheisean a sholarachadh [ann am Poileasaidh Cànan BCPA](#).

## ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005 AGUS LÌBHRIGEADH FIOS GUM FEUMAR PLANA GÀIDHLIG A DHEASACHADH

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

Is e fear de phrìomh fheartan Achd 2005 gu bheil e a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarrasan poblach Plana Gàidhlig ullachadh. Tha an t-ullachadh seo ann gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh an roinn phoblach ann an Alba gus a' Ghàidhlig a dhèanamh tèarainte san àm ri teachd le bhith a' cur ri

---

<sup>1</sup> [Spcb-annual-report-and-accounts-2021-22.pdf \(parliament.scot\)](#)

inbhe is ìomhaigh a' chànain agus a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig BCPA, a chaidh a dheasachadh a rèir frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e ag innse mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obair, mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach ann an conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Thathar air Plana Gàidhlig BCPA a dheasachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

## AONTACHADH RI PLANA GÀIDHLIG BCPA

Chaidh Plana Gàidhlig BCPA aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air **CEANN-LATHA RI DHEARBHADH**.

## CO-CHOMHAIRLE AIR DREACHD PHLANA GÀIDHLIG BCPA

Tha Achd 2005 ag ràdh gum feum ùghdarrasan poblach deasachadh a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire a h-uile duine/buidheann aig am biodh ùidh sa chùis.

Bha a' cho-chomhairleachadh poblach fosgailte bho 20 Gearran 2023 gu 3 Giblean 2023 agus chaidh a dhèanamh le ceisteachan-lìn air [CitizenSpace](#).

Am measg nam modhan-sanasachd bha:

- Postairean agus bileagan
- Fios naidheachd
- Làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba
- Puist mheadhanan sòisealta air cunntasan corporra Facebook, Twitter, LinkedIn is Instagram agus air cunntas twitter Gàidhlig na Pàrlamaid, cunntas twitter an Oifigeir Riaghlaidh agus cunntasan-saideil twitter eile aig Pàrlamaid na h-Alba.
- Pod-chraoladh
- Cuairt-litir-d Pàrlamaid na h-Alba agus cuairt-litir BSL na Pàrlamaid
- Conaltradh air an taobh a-staigh tron Iris Chorporra
- Post-dealain gu buidhnean Gàidhlig nàiseanta agus ionadail.

Fhuair a' cho-chomhairle phoblach 124 freagairtean uile gu lèir, a tha na dheagh ìre-fhreagairt airson Plana Gàidhlig Reachdail. Gheibhear làn aithisg air a' cho-chomhairle agus na h-atharrachaidhean a rinneadh mar thoradh air seo ann a Leas-phàipear A.

## SÙIL FHARSAING AIR A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA

Tha BCPA ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha BCPA dealasach a thaobh nan amasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha iad air na structaran agus na h-iomairtean riatanach a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd ann an Alba.

Tha BCPA a' tuigsinn gu bheil cor na Gàidhlig air stèidh anabarrach cugallach agus, ma tha a' Ghàidhlig a' dol a bhith seasmhach agus beothail san àm ri teachd, ga cleachdadh barrachd agus le barrachd suim aig daoine oirre ann an Alba, gum feum riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt a' chànain uile obrachadh còmhla gus:

- cur ri inbhe na Gàidhlig
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart
- meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

## GÀIDHLIG ANN AN RAON-ÙGHDARRAIS BCPA

Tha BCPA ag obair airson na h-Alba air fad. Tuigear, ma-thà, gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig agus coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba air fad, gach cuid coimhearsnachdan cruinn-eòlach agus coimhearsnachdan ùidh, a' tighinn fo sgèith obair BCPA.

Anns an earrainn seo, cleachdaidh sinn dàta bho chunntas-sluaigh 2011 mar an dàta as ùire a tha ri fhaighinn agus nì sinn ath-sgrùdadh aon uair 's gum bi dàta cunntas-sluaigh 2021 ri fhaighinn.

B' e 87,056 (1.7% de shluagh na h-Alba) an àireamh iomlan de dhaoine a chaidh a chlàradh a bha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus/no a leughadh agus/no a sgrìobhadh agus/no a thuigsinn ann an Cunntas-sluaigh 2011. Dhiubh sin, b' e 57,602 an àireamh iomlan de dhaoine a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn (1.1% de shluagh na h-Alba). Ged a chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sìos bhon Chunntas-sluaigh mu dheireadh, thàinig àrdachadh air ìre nan daoine a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus cuideachd air Gàidhlig a leughadh is a sgrìobhadh eadar 2001 is 2011, a' nochdadh fàs ann an litearrachd sa Ghàidhlig agus ann an àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Chaidh an àireamh de

dhaoine fo aois 25 aig an robh Gàidhlig am meud cuideachd eadar 2001 agus 2011.<sup>2</sup>

**Cunntas-sluaigh 2011**

**Alba**

<b>Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)</b>	<b>87,056</b>	<b>1.7%</b>	<b>de shluagh na h-Alba</b>
daoine a bhruidhneas Gàidhlig	57,602	1.1%	de shluagh na h-Alba
		66.2%	de dhaoine le sgil Gàidhlig
luchd-labhairt a leughas Gàidhlig	38,636	67.1%	de dhaoine a bhruidhneas Gàidhlig
luchd-labhairt litearra na Gàidhlig	32,418	56.3%	de dhaoine a bhruidhneas Gàidhlig

Tùs: Clàr NRS  
AT\_234\_2011

Tha luchd na Gàidhlig sgapte air feadh na h-Alba. Bha beagan is dàrna leth de luchd-labhairt na Gàidhlig a chaidh a chomharrachadh ann an cunntas-sluaigh 2011 a' fuireach ann an siorrachdan na Gàidhealtachd (sgìrean Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Comhairle nan Eilean Siar) agus beagan nas lugha na dàrna leth air a' Ghalltachd. A thuilleadh air luchd-labhairt na Gàidhlig a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig, tha ìre àrd de coimhearsnachd labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann am bailtean, le dùmhlachd mhòr a' fuireach ann am Mòr-sgìre Ghlaschu, Dùn Èideann, Inbhir Nis agus Obar Dheathain. Chithear mar a tha luchd-labhairt na Gàidhlig air an sgapadh gu nàiseanta air a' mhapa a leanas, bho Bhòrd na Gàidhlig, a tha a' sealltainn na h-àireimh sa cheud agus an àireamh iomlan de luchd-labhairt ann an diofar sgìrean.


<sup>2</sup> [http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/analytical\\_reports/Report\\_part\\_1.pdf](http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/analytical_reports/Report_part_1.pdf)

## Luchd-labhairt Gàidhlig 2011 Gaelic speakers

- ≤1.125% (cuibheas nàiseanta : national average)
- <15%
- <50%
- 50%+ le labhairt Ghàidhlig : with Gaelic speaking ability

a rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1  
by Local Administrative Units, Level 1

Cuilbh a rèir 97 gu 14,066 luchd-labhairt Gàidhlig  
Columns according to number of Gaelic speakers 97 to 14,066



Le dàta bhò NRS © Còir copairidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.  
Le dàta bhon t-Suirbhidh Ordnais © Còir copairidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.  
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2015.  
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2015.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a' cleachdadh QGIS 2.  
Made by Bòrd na Gàidhlig 2015 using QGIS 2.



Chan eil figear ùghdarrasach ann a thaobh na h-àireimh de luchd-ionnsachaidh inbheach nach eil fileanta, ach tha ùidh mhòr an-dràsta ann an ionnsachadh na Gàidhlig mar a chithear le ìrean ùidh anns a' chùrsa ioma-meadhain SpeakGaelic agus Duolingo Gàidhlig na h-Alba. Gu ruige seo, tha mu 1.5m neach air Duolingo Gàidhlig na h-Alba a luchdachadh a-nuas le 451k de luchd-ionnsachaidh gnìomhach air aithris.<sup>3</sup>

A thuilleadh air sin, tha Suirbhidh Beachdan Sòisealta na h-Alba 2021 air àrdachadh fhaicinn anns an àireamh de dhaoine aig a bheil ìre sam bith de Ghàidhlig. Eadar 2012 agus 2021, tha a' chuibhreann de dhaoine comasach air co-dhiù corra fhacal Gàidhlig a bhruidhinn san t-suirbhidh mhòr riochdachail seo air dùblachadh bho 15% gu 30%.<sup>4</sup>

Tha àireamh shusbainteach de chlann ann am foghlam Gàidhlig, an dà chuid foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) air feadh na h-Alba. Tha na figearan slàna airson FtG agus FLI rim faicinn gu h-ìosal.

Tha am mapa le Bòrd na Gàidhlig a leanas a' sealltainn sgaoileadh sgoiltean-àraich, aonadan agus sgoiltean FtG air feadh na h-Alba. Mar a chithear, chan ann air a' Ghàidhealtachd a-mhàin a tha solar FtG. Tha e ri fhaighinn aig diofar ìrean ann am bailtean ann am meadhan agus taobh sear na h-Alba. An-dràsta, thathar a' libhrigeadh FtG ann an 15 ùghdarrasan ionadail.

---

<sup>3</sup> [The world's best way to learn Scottish Gaelic - Duolingo](#), aig 12/12/2022

<sup>4</sup> [Suirbhidh Beachdan Sòisealta na h-Alba – Bòrd na Gàidhlig \(gaidhlig.scot\)](#)

**Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig**


**Alba**

Sgoil-àraich	52	sgoiltean-àraich
2020-21	995	clann (ris a bheilear an dùil ro dheireadh na bliadhna)
	136	Luchd-obrach FTE
Bun-sgoil	61	bun-sgoiltean
2020-21	3,801	sgoilearan
	238	Luchd-teagaisg FTE
Àrd-sgoil	32	àrd-sgoiltean
2020-21	1,476	sgoilearan
	23	cuspairean
	110	luchd-teagaisg

Tùs: Bòrd na Gàidhlig, [Dàta Foghlaim Gàidhlig 2020-21](#)

## Foghlam tron Ghàidhlig 2020-21 Gaelic Medium Education

- Bun-sgoil Ghàidhlig      GME primary school
- Bun-sgoil le sruth FtB      GME primary with English stream
- Bun-sgoil le sruth FtG      Primary school with GME stream
- Le sgoil-àraich FtG na cois      With associated GME nursery
- ★ FtG aig S1/2/3 gu h-ionadail      GME in S1/2/3 delivered locally
- Comhairle le FtG a-ghnàth      Local authority with regular GME



Le dàta bhò NRS © Dilighe co-palaidh is stòr-dàta a' Chrìon 2021.  
 Le dàta bhon t-Suirbhaidh Oidhne © Dilighe co-palaidh  
 is stòr-dàta a' Chrìon 2021.  
 Dàimh le Bòrd na Gàidhlig 2021 a' cleachdadh QGIS 3.

Contains NRS data © Crown copyright & database right 2021.  
 Contains Ordnance Survey data © Crown copyright  
 & database right 2021.  
 Made by Bòrd na Gàidhlig 2021 using QGIS 3.

Bun-sgoil (Clasaichean GLPS)	13	sgirean comhairle
2015-16	127	bun-sgoiltean
	7,029	sgoilearan
	162	luchd-obrach sgoile a' teagasg GLPS
	24	sgoiltean le tidsear-siubhail
Bun-sgoiltean (dòigh-teagasg eile)	7	sgirean comhairle
2015-16	28	bun-sgoiltean
	3,195	sgoilearan
Àrd-sgoil	7	sgirean comhairle
2016-17	28	àrd-sgoiltean
	3,195	sgoilearan
	56	luchd-teagasg

Tùs: Bòrd na Gàidhlig, [Dàta Foghlaim Gàidhlig 2020-21](#)

Anns a' cho-theacsa seo, faodar a bhith an dùil gun lean an t-àrdachadh ann an litearrachd, àireamhan luchd-ionnsachaidh fileanta agus FtG, ag adhbharachadh barrachd iarrtais airson sheirbheisean.

### **Buidhnean Gàidhlig, buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig agus cothroman Gàidhlig do Inbhich**

Air sgàth gu bheil BCPA ag obair air feadh na h-Alba, tha buidhnean Gàidhlig, buidhnean coimhearsnachd agus cothroman Gàidhlig do Inbhich uile anns an raon-obrach againn. Nam measg tha na buidhnean leasachaidh Gàidhlig [Bòrd na Gàidhlig](#) agus [Comunn na Gàidhlig](#) agus na craoladairean [MG Alba](#). Tha na buidhnean a bhios a' cuimseachadh air cultar na Gàidhlig a' gabhail a-steach [an Comunn Gàidhealach](#), a bhios a' ruith [a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail](#), [Fèisean nan Gàidheal](#) a tha a' cumail taic ri fèisean Gàidhlig a bhios ri oideachadh ealain sa choimhearsnachd, agus [Ceòlas](#) a bhios a' brosnachadh na Gàidhlig agus a cultar ann an Uibhist.

Am measg nam buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig, tha [Comann nam Pàrant](#), a tha a' riochdachadh phàrantan aig a bheil clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, meuran ionadail den Chomann Ghàidhealach agus buidhnean Gàidhlig ionadail leithid *Gàidhlig anns na Crìochan*.

Tha measgachadh de chothroman Gàidhlig do dh'Inbhich rim faighinn agus gheibhear fiosrachadh mun deidhinn air làrach-lìn [LearnGaelic.Scot](http://LearnGaelic.Scot). Tha cothroman ionnsachaidh air an toirt seachad le diofar sholaraidhean mar eisimpleir, [Sabhal Mòr Ostaig](#) san Eilean Sgitheanach [OGE Innse Gall](#), oilthighean [Obar Dheathain](#), [Dùn Èideann](#) agus [Glaschu](#) agus diofar ùghdarrasan ionadail agus buidhnean coimhearsnachd. Tha an app ionnsachaidh [Duolingo](#) ri fhaighinn ann an Gàidhlig na h-Alba agus 's e cùrsa ioma-meadhain ùr a th' ann an [SpeakGaelic](#) a chaidh a dhèanamh le com-pàirteachas eadar am BBC, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA agus Riaghaltas na h-Alba.

Bidh BCPA ag obair le farsaingeachd de bhuidhnean Gàidhlig, buidhnean coimhearsnachd agus solaraichean Gàidhlig do dh'Inbhich.

### **Beachdan mun Ghàidhlig**

Tha ùidh anns a' Ghàidhlig am measg mòran daoine aig nach eil Gàidhlig. Rinn Suirbhidh Beachdan Sòisealta na h-Alba rannsachadh o chionn ghoirid air beachdan a' phobaill a thaobh na Gàidhlig ann an Alba.<sup>5</sup> Mar eisimpleir, lorg an sgrùdadh a rinneadh ann an 2021, gun robh, san t-sampall riochdachail de 1,365 neach aois 18 agus nas sine air feadh na h-Alba, 79% den luchd-fhreagairt ag aontachadh gu bheil a' Ghàidhlig cudromach do dhualchas cultarail na h-Alba agus 88% den bheachd gu bheil i cudromach do dhualchas cultarail na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Tha e cuideachd ag aithris gu bheil gluasad air a bhith ann a dh'ionnsaigh beachdan nas adhartaike a thaobh a' chànain ann an grunn raointean, a' gabhail a-steach beachdan air foghlam Gàidhlig, cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig do dhualchas cultarail an neach fhèin, caiteachas poblach air a' Ghàidhlig, agus air a' Ghàidhlig san àm ri teachd.

Lorg an sgrùdadh cuideachd gu bheil daoine nas òige (aois 18-29), agus an fheadhainn le barrachd fios is eòlais air a' Ghàidhlig uile nas buailtiche a bhith nas taiceil don Ghàidhlig thairis air an raon de chuspairean a tha air an taisbeanadh gu h-àrd.

Tha seo a' leantainn sgrùdadh ann an 2011 le TNS-BMRB airson an Aonad-sgrùdaidh Cultair, Chùisean A-muigh agus Turasachd aig Riaghaltas na h-Alba ann an co-bhonn ri Bòrd na Gàidhlig.<sup>6</sup> Nochd an rannsachadh, ged a bha 87% den fheadhainn leis an deach agallamh a dhèanamh (1,009 uile-gu-lèir) gun eòlas idir air a' Ghàidhlig, dh'aontaich 81% gu bheil e "cudromach nach caill Alba a dualchas Gàidhlig", 62% gum "bu chòir taic a chur ris a' Ghàidhlig agus a brosnachadh air

---

<sup>5</sup> <https://www.gaidhlig.scot/gd/naidheachdan/suirbhidh-beachdan-soisealta-na-h-alba/>

<sup>6</sup> <http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2016/12/West-Graham-2011-Beachd-a-phobail-CR11-01-Public-attitudes.pdf>

feadh na h-Alba” agus 65% “gum bu chòir barrachd a dhèanamh gus Gàidhlig a bhrosnachadh is a chur air adhart ann an Alba”.

### **Eachdraidh na Gàidhlig**

Ged a thathar gu tric a' smaoinichadh air a' Ghàidhlig mar chànan a tha ceangailte ris a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan, bha i uair air a bruidhinn mar chainnt dhùthchasach air feadh cha mhòr a h-uile ceàrn ris an canar ri Alba an-diugh, ach a-mhàin ann an Arcaibh agus Sealtainn, agus b' i prìomh chànan na h-Alba gu ruige cha mhòr deireadh nam Meadhan Aoisean. Tha seo ri fhaicinn ann an ainmean-àite, mar eisimpleir, mar a chithear sa mhapa a leanas. Faisg air deireadh nam Meadhan Aoisean, thachair sgaradh eadar Gàidhealtachd is Galltachd, leis a' Ghàidhlig ga daingneachadh mar chànan na Gàidhealtachd, ach a' crìonadh air a' Ghalltachd. Air Ghalltachd, b' ann san iar-dheas a b' fhaide a mhair a' Ghàidhlig.

Ghlèidh a' Ghàidhlig a h-inbhe mar phrìomh chànan na Gàidhealtachd suas chun 19<sup>mh</sup> agus 20<sup>mh</sup> linn. Ann an 1500, bha Gàidhlig aig mun dàrna leth den t-sluagh, agus ann an 1650 bha i aig mun treas cuid. Anns an 18mh is 19mh linn, mar thoradh air imrich bhon Ghàidhealtachd, chualas Gàidhlig air feadh bailtean is cathair-bhailtean na Galltachd.

Tha oidhirpean gus a' Ghàidhlig a chumail agus a leasachadh air a bhith a' dol bho dheireadh nan 1870an, ach b' ann sna 1980an a thàinig iad air adhart gu h-àraid, le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ga chur air bhonn, telebhisean Gàidhlig ga stèidheachadh agus gabhail ri Achd na Gàidhlig (Alba) ann an 2005.

# Alba

Taghadh de dh'ainmean-àite bhon Ghàidhlig

Airson tuilleadh air na h-ainmean seo, feuch an stòr-dàta air [www.ainmean-aithe.org](http://www.ainmean-aithe.org).

# Scotland

A selection of Gaelic-derived place-names

For more on these names, consult the database on [www.gaelicplacenames.org](http://www.gaelicplacenames.org).



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòr-dàta a' Chrùin 2017.  
Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir copaidh is stòr-dàta a' Chrùin 2017.  
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.  
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.

Rannsachadh le Ainmean-Àite na h-Alba & Bòrd na Gàidhlig.  
Mapa le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.  
Research by Ainmean-Àite na h-Alba & Bòrd na Gàidhlig.  
Map by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.



## IN-SGRÙDADH AIR COMAS SA GHÀIDHLIG

### **Comas cànanan an ùghdarrais**

Thèid suirbhidh air comas cànanan na buidhne a dhèanamh taobh a-staigh a' chiad bhliadhna den phlana seo, agus thèid suirbhidh a bharrachd a dhèanamh ro dheireadh a' phlana.

### **Clàr de stuthan agus soidhnichean Gàidhlig a tha ann mar-thà**

Tha an solar Gàidhlig làithreach ri fhaighinn san [eagran mu dheireadh](#) den Phlana Ghàidhlig againn agus cuideachd ann an earrann nan geallaidhean san eagran seo den Phlana.

### **Measadh air comasan eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh**

Tha cùmhnant sònraichte aig BCPA airson eadar-theangachadh Gàidhlig agus tha comas eadar-theangachaidh agus ath-leughaidh taobh a-staigh na buidhne tro dhreuchd an Oifigear Leasachaidh Gàidhlig. Tha cothrom aig BCPA cuideachd air eadar-mhìneachadh Gàidhlig tron phrìomh chùmhnant againn airson Eadar-theangachadh, Eadar-mhìneachadh agus Tar-sgrìobhadh. Tha uidheamachd eadar-theangachadh mar-aon stèidhichte againn san t-Seòmar agus ann an cuid de na seòmraichean comataidh agus tha sealbh againn cuideachd air uidheamachd eadar-theangachadh mar-aon a chaidh a cheannach aig àm a' chiad Phlana Ghàidhlig againn, le taic airgid bho Bhòrd na Gàidhlig.

### **A' cumail dàta air comas Gàidhlig**

Cumaidh sinn dàta air ar comas Ghàidhlig tro shuirbhidhean air ar comasan cànanan dà uair san t-seisean agus tron staitistig a bhios sinn a' cruinneachadh airson ar n-aithisgean bliadhna do Bhòrd na Gàidhlig air buileachadh ar Plana Ghàidhlig.



# AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN STRUCTAR CHORPORRA

Is e poileasaidh BCPA a th' anns a' Phlana seo.

## OIFIGEAR LE UALLACH OBRACHAIL AIRSON A' PHLANA

---

Is e an t-àrd oifigear air a bheil uallach obrachail airson stiùireadh mar a thèid Plana Gàidhlig BCPA ullachadh, a libhrigeadh agus a sgrùdadh:

Sally Coyne  
Ceannard Seirbheisean Com-pàirteachadh Poblach (DG.06)  
Pàrlamaid na h-Alba  
Dùn Èideann  
EH99 1SP

0131 348 5393  
[Sally.Coyne@parliament.scot](mailto:Sally.Coyne@parliament.scot)

## OIFIGEAR LE UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA

---

Is ann air Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig a tha uallach obrachail làitheil airson Plana Gàidhlig BCPA a libhrigeadh. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' Phlana bho latha gu latha a chur gu:

Alasdair MacCaluim / Marc Mac an Fhìlidh  
Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig  
Seirbheisean Com-pàirteachaidh  
Pàrlamaid na h-Alba  
Dùn Èideann  
EH99 1SP

0131 348 5395  
[gaidhlig@parliament.scot](mailto:gaidhlig@parliament.scot)

## BUIDHEANN A' CUMAIL SÙIL AIR LEASACHADH, BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH A' PHLANA

---

Tha am plana air a chruthachadh le luchd-obrach BCPA agus air aontachadh le BCPA airson a chur gu BnG.

Tha e air a sgrùdadh le luchd-obrach BCPA le aithisgean don Sgioba-stiùiridh leis an Àrd-oifigeir sa chathair gach ràith.

Bidh an t-Àrd-oifigeir ag aithris gu BnG gach bliadhna agus thèid seo fhoillseachadh air an làraich-lìn againn.

Tha clàr buidhne agus tuilleadh fiosrachaidh mu structar corporra BCPA ri fhaighinn anns an earrainn Oifisean [luchd-obrach na Pàrlamaid](#) air an làrach-lìn againn.

## LUCHD-OBACH FA LETH

---

Innsidh sinn don luchd-obrach mu na dleastanasan aca fon Phlana tro:

- conaltradh coitcheann a-staigh (a' gabhail a-steach an Iris Chorporra, Eadrailion)
- Geallaidhean Plana Gàidhlig ann am planaichean oifis, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad air an toirt air adhart leis na ceannardan oifis iomchaidh agus gan innse do na sgiobaidhean aca.
- libhrigeadh agus brosnachadh trèanadh mothachadh Gàidhlig, gu sònraichte tro sheiseanan sònraichte airson sgiobaidhean fa leth
- buileachadh nan ceumannan anns an earrainn air Àbhaisteachadh na Gàidhlig a leanas.

## SEIRBHEISEAN AIR AN LÌBHRIGEADH LE TREAS PHÀRTAIDHEAN AGUS BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH

---

Nì caochladh cheuman san eagraan seo den Phlana Ghàidhlig cinnteach gum bi iadsan a tha a' lìbhrigeadh sheirbheisean/bathar às leth BCPA mothachail air agus a' cumail ri geallaidhean a' Phlana, far a bheil sin iomchaidh:

- Tabhann trèanadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig do chunnradairan gus an tuig iad na tha a' Phàrlamaid a' sùileachadh bhon obair aca a thaobh na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha ag obair air an làraich (m.e. solar-bìdh, crèche, luchd-glanaidh, dorsairean) agus an fheadhainn a tha a' toirt seachad seirbheisean leithid dealbhadh, margaidheachd agus leasachadh an t-siostam IT.
- Obair leis an sgioba Solarachaidh againn a chomharrachadh chothroman gus feumalachdan Gàidhlig a thoirt a-steach do chùmhnanntan ron phròiseas tairgse. Gu sònraichte, a' beachdachadh air dealbhadh, margaidheachd agus leasachadh lìn.
- Obair còmhla ris na cunnradairan againn air an làraich gus dèanamh cinnteach gu bheil na soidhnichean aca a rèir geallaidhean BCPA a thaobh shoidhnichean dà-chànanach ann an àiteachan poblach (cafaidh is creche).

## LUCHD-DREUCHD

---

Bidh BCPA a' cumail taic do luchd-dreuchd neo-eisimeileach. Is e neach-dreuchd neach a chaidh ainmeachadh gu dreuchd phoblach.

Tha 7 luchd-dreuchd ann an-dràsta:

- [Coimiseanair airson Inbhean Beusach ann am Beatha Phoblach na h-Alba](#)
- [Coimiseanair Beò-meatrachd na h-Alba](#)
- [Coimiseanair na h-Alba airson Clann is Daoine Òga](#)
- [Coimisean Còraichean Daonna na h-Alba](#)
- [Coimiseanair Fiosrachaidh na h-Alba](#)
- [Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba](#)
- [Coimisean Inbhean na h-Alba](#)

Tha na teirmichean is cumhaichean fastaidh aca agus am buidseat bliadhnail air a shuidheachadh le BCPA.

Tha sinn a' gealltainn na leanas airson taic a thoirt do Luchd-dreuchd:

- Thoir seachad comhairle agus cuideachadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ma dh'iarraas an Luchd-dreuchd le taic bho BCPA seo
- Tabhann ar seiseanan trèanaidh air mothachadh Gàidhlig agus seiseanan Gàidhlig eile don Luchd-dreuchd agus an luchd-obrach aca.

# A' BHUAIDH AIG PLANADH IS POILEASaidH AIR A' GHÀIDHLIG

## AG ÀBHAISTEACHADH NA GÀIDHLIG

Tha dealas aig BCPA don phrionnsapal àbhaisteachaidh a tha ag amas gum bi a' Ghàidhlig na pàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Ann a bhith a' deasachadh, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh poileasaidhean, beachdachaidh BCPA air na geallaidhean anns a' Phlana Ghàidhlig seo agus nì sinn cinnteach gum bi a' bhuidhe a bhios aca air a' Ghàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Bidh BCPA ag àbhaisteachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean mar a chithear gu h-ìosal agus cumaidh sinn oirnn ga h-àbhaisteachadh le:

- Foillseachadh aithisgean gèillidh cunbhalach don Sgioba-stiùiridh againn agus do BnG
- Gnìomhan com-pàirteachaidh is trèanaidh do luchd-obrach agus BPA
- Dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan na Gàidhlig an-dràsta agus san àm ri teachd air an gabhail a-steach ann am planadh sgioba-obrach corporra
- Toirt geallaidhean a' Phlana Ghàidhlig an lùib planaichean oifis
- Obair còmhla ris an sgioba Solarachaidh againn a chomharrachadh chothroman gus feumalachdan Gàidhlig a thoirt a-steach do chùmhnanntan buntainneach ron phròiseas tairgse
- Toirt na Gàidhlig an lùib ar seirbheisean agus gnìomhan poblach.
- Cur na Gàidhlig ann am foirmichean, poileasaidhean agus foillseachaidhean a bhios sinn a' dèanamh.

## AM PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

'S e prìomh adhbhar Plana Nàiseanta na Gàidhlig barrachd dhaoine a bhrosnachadh agus a chomasachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean. Tha na prìomh theachdaireachdan, amasan, prìomhachasan agus geallaidhean sa Phlana uile a' cur ri bhith a' toirt an àrdachaidh seo gu buil ann an cleachdadh na Gàidhlig. Am measg nam prìomh fheadhainn tha na leanas:

- Buinidh a' Ghàidhlig do dh'Alba air fad
- Brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhen Ghàidhlig
- Cur ri ionnsachadh na Gàidhlig; agus
- Cur ri cleachdadh na Gàidhlig.

Is iad na raointean prìomhachais:

Cur ri cleachdadh na Gàidhlig	Cur ri ionnsachadh na Gàidhlig	Brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhen Ghàidhlig
<ul style="list-style-type: none"> <li>• Iomairtean a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean agus coimhearsnachdan</li> <li>• Iomairtean a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig le daoine òga</li> <li>• Gàidhlig sna meadhanan traidiseanta agus ùra</li> <li>• Gàidhlig anns na h-ealain, foillseachadh agus gnìomhachasan cruthachail</li> <li>• Corpas na Gàidhlig</li> <li>• Gàidhlig san àite-obrach</li> <li>• Cleachdadh na Gàidhlig ann an dualchas, turasachd, biadh is deoch,</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Gàidhlig san teaghlach</li> <li>• Fastadh, gleidheadh, trèanadh agus solar luchd-obrach tro mheadhan na Gàidhlig</li> <li>• Stòrasan agus taic ionnsachaidh</li> <li>• Gàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne (TICC)</li> <li>• Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil</li> <li>• Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) sa bhun-sgoil agus san àrd sgoil</li> <li>• Gàidhlig ann am Foghlam Àrd-ìre agus Adhartach</li> <li>• Ionnsachadh Gàidhlig inbheach</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Taic don Ghàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba, bhon Phàrlamaid agus taic phoilitigeach nas fharsainge</li> <li>• Planaichean Gàidhlig air an cur an gnìomh le ùghdarrasan poblach (ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach)</li> <li>• Brosnachadh deagh ìomhaigh den Ghàidhlig agus a' togail mothachadh tro: Foghlam Gàidhlig, na meadhanan Gàidhlig agus meadhanan eile aig gach ìre, agus de na h-ealainean Ghàidhlig</li> </ul>

<p>àrainneachd agus cur-seachad</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Iomairtean a neartaicheas beairteas, buntainneachd agus cunbhalachd cànan</li> <li>• Iomairtean a bhrosnaicheas ceanglaichean leis a' Ghàidhlig thall thairis agus le mion-chànanan</li> </ul>		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cur air adhart luach sòisealta, eaconamach agus cultarail na Gàidhlig</li> <li>• Teachdaireachdan fàbharach mun Ghàidhlig, dà-chànanas, agus mu iomadachd is in-ghabhail</li> </ul>
---	--	--

## DEALAS A THAOBH RAOINTEAN PRÌOMHACHAIS PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha e na rùn aig BCPA dèanamh cinnteach gun tèid Plana Nàiseanta na Gàidhlig a bhuileachadh.

### CUR RI CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

#### **Feallsanachd:**

Tha BCPA ag aithneachadh gu bheil barrachd cleachdadh na Gàidhlig a' neartachadh coimhearsnachd an luchd-labhairt agus a' cur ri a misneachd. Tha seo a' cur ri cothroman airson na Gàidhlig agus airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, agus mar sin, tha e a' cur ri mothachadh agus ri pròifil a' chànan. Tha am Plana againn a' mìneachadh nan ceumannan a ghabhas sinn gus barrachd cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson barrachd cleachdadh na Gàidhlig.

### CUR RI IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

#### **Feallsanachd:**

Tha BCPA ag aithneachadh gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig ro-chudromach airson math a' chànan san àm ri teachd. Tha am Plana againn a' mìneachadh nan ceumannan a ghabhas sinn gus a' Ghàidhlig adhartachadh nar seirbheisean foghlaim agus eile agus gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh air feadh na h-Alba.

### CUR AIR ADHART ÌOMHAIGH FHÀBHARACH DHEN GHÀIDHLIG

#### **Feallsanachd:**

Tha BCPA ag aithneachadh gu bheil cur air adhart ìomhaigh fhàbharach dhen Ghàidhlig ro-chudromach airson a bhith a' cur ri inbhe agus tarraing na Gàidhlig ann an Alba agus thall thairis. Tha seo a' crochadh an dà chuid air daoine aig a bheil

Gàidhlig agus daoine aig nach eil. Tha am Plana againn a' mìneachadh nan ceumannan a ghabhas sinn gus a' Ghàidhlig a dhèanamh follaiseach agus gus ìomhaigh fhàbharach a bhrosnachadh den Ghàidhlig.



# GEALLAIDHEAN A' PHLANA

## GEALLAIDHEAN ÀRD-ÌRE

Tha BCPA air na dreachd phrìomhachasan a leanas fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig a chleachd sinn ann a bhith a' cruthachadh ar geallaidhean sa phlana.

### Prìomhachasan Ro-innleachdail Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' tabhann tuilleadh taic do dh'ùghdarrasan poblach a tha ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig le bhith ag obair còmhla riutha gus prìomhachasan ro-innleachdail farsaing aontachadh airson a bhith a' cruthachadh am planaichean fa leth gus fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig, ionnsachadh na Gàidhlig agus gus deagh ìomhaigh den chànan a bhrosnachadh.

Tha Bòrd na Gàidhlig air dreachd phrìomhachasan àrd-ìre a chur an cèill airson ar plana a stiùireadh agus airson cuideachadh le bhith a' coileanadh nam prìomhachasan nàiseanta gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig fhàs agus gus ìomhaigh fhàbharach dhith a chur air adhart. Chaidh na bha seo a dheasbad leis a' Bhòrd air 5 Dàmhair 2022. Tha am plana againn a' togail air na prìomhachasan sin airson beachdachadh a' Bhùird mar a chithear gu h-ìosal. San fharsaingeachd, tha ath-sgrìobhadh briathrachais a' nochdadh atharrachadh ann an cuideam seach atharrachadh susbainteach air prìomhachas:

Prìomhachas a' Phlana Nàiseanta agus dreachd phrìomhachasan BCPA	Prìomhachasan Plana BCPA a thathar a' moladh
Cur ri cleachdadh na Gàidhlig le: <ul style="list-style-type: none"><li>Eòlas agus mothachadh Buill Pàrlamaid na h-Alba a mheudachadh mun Ghàidhlig</li><li>Cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh le luchd-cleachdaidh na Pàrlamaid</li></ul>	Cur ri cleachdadh na Gàidhlig le: <ul style="list-style-type: none"><li>Eòlas agus mothachadh Buill Pàrlamaid na h-Alba a mheudachadh mun Ghàidhlig agus mu ar geallaidhean sa phlana seo.</li><li>Cleachdadh na Gàidhlig agus ar seirbheisean Gàidhlig a chur air adhart don luchd-obrach, don phoball agus don luchd-ùidh againn.</li></ul>
Cur ri ionnsachadh na Gàidhlig le: <ul style="list-style-type: none"><li>Dèanamh cinnteach gu bheil na stòrasan sgoile uile a thèid a chruthachadh rim faighinn gu dà-chànanach</li></ul>	Cur ri ionnsachadh na Gàidhlig le: <ul style="list-style-type: none"><li>Cumail oirnn ag obair gus taic a thoirt do sgoiltean ann a bhith a' libhrigeadh ionnsachadh mu deamocrasaidh sa Ghàidhlig tro bhith a' toirt seachad seiseanan agus stòrasan sa Ghàidhlig agus gu dà-chànanach.</li></ul>

<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cur am meud na cothroman do luchd-ionnsachaidh inbheach a dhol an sàs sa Phàrlamaid (a' cleachdadh na Gàidhlig)</li> </ul>	<p>Cumail oirnn a' cur air adhart ar n-obair sa Ghàidhlig do luchd-ionnsachaidh inbheach a' chànain agus tabhann chothroman com-pàirteachaidh an lùib seo</p>
<p>Brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhen Ghàidhlig le:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Meudachadh na h-àireimh de dhreuchdan far a bheil Gàidhlig na sgil feumail</li> </ul>	<p>Brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhen Ghàidhlig le:</p> <p>Gàidhlig ainmeachadh na sgil riatanach no feumail far a bheil sin iomchaidh agus freagarrach.</p> <p>Luchd-obrach agus BPA a chuideachadh gus an sgilean Gàidhlig a leasachadh.</p> <p>Cumail oirnn a' cuimseachadh air dèiligeadh ri cùisean iomadachd, a' feuchainn ri riochdachadh a mheudachadh am measg bhuidhnean gun riochdachadh gu leòr nar n-obair com-pàirteachadh poblach agus trusaidh.</p>

## GEALLAIDHEAN

Anns an Stiùireadh reachdail aca air Deasachadh Planaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig air aithneachadh gu bheil cruthachadh shuidheachaidhean airson cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha phoblach na phrìomh eileamaid ann an ath-bheothachadh na Gàidhlig.

Tha am Bòrd air prìomh raointean lìbhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh far a bheil iad ag iarraidh air ùghdarrasan poblach cuimseachadh nuair a tha iad ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig, agus air dleasan no gnìomhan sònraichte dh'fhaodadh iad dèanamh gabhail os làimh anns gach raon.

Raon	Gnìomh
<b>Faicsinneachd</b>	Aithne chorporra
	Soidhnichean
<b>Luchd-obrach</b>	Sanasachd obraichean
	Fastadh luchd-labhairt na Gàidhlig
	Ionnsachadh na Gàidhlig
	Trèanadh mothachaidh air Gàidhlig
	Brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach agus ann an conaltradh taobh a-staigh na buidhne
<b>Gnothaichean làitheil</b>	Seirbheis fòn
	Conaltradh sgrìobhte
	Foirmean
	Seirbheisean 'loidhne toisich' dhan phoball
	Coinneamhan poblach
<b>Conaltradh</b>	Meadhanan agus dàimh phoblach
	Stuth clò-bhuailte
	Làrach-lìn is meadhanan sòisealta
	Tachartasan agus Taisbeanaidhean
<b>Corpas</b>	Cumail ri Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig
	Cleachdadh ainmean-àite ceart
	Ìrean eadar-theangachaidh agus eadar-mhìneachaidh

Anns an earrainn seo, tha na geallaidhean againn air an òrdachadh a rèir nan ceann seo agus cuideachd fo dhà cheann a bharrachd, Àbhaisteachadh agus Taic do Ghnothaichean Pàrlamaideach.

Tha CL anns na clàran gu h-ìosal a' ciallachadh Cleachdadh làithreach.

## FAICSINNEACHD

### Feallsanachd:

Cuirear gu mòr ri follaiseachd na Gàidhlig ma chithear i ann an ìomhaigh chorporra agus soidhnichean ùghdarras poblach, tha inbhe a' chànain air a togail agus tha teachdaireachd làidir ga toirt seachad gu bheilear a' toirt sùim agus spèis dhi. Faodaidh leasachadh cleachdadh na Gàidhlig tro ar n-obair phoblaich leithid soidhnichean, foirmean, duilleagan-lìn agus foillseachaidhean cur ri briathrachas luchd-labhairt, mothachadh poblach a thogail mun chànain agus cur ri leasachadh a' chànain.

**Tha BCPA ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig agus a' cur ris an inbhe aice.**

Àir ea mh.	Buil	Gnìomhachd	Leantain neach						Prìomh oifis
				1	2	3	4	5	
Suaicheantas corporra									
1		Cuir tuilleadh fiosrachaidh ri stiùiridhean a' bhrann air cleachdadh na Gàidhlig agus cànanan eile agus thoir a-steach stiùireadh air "co-ionannachd spèis" don Ghàidhlig a thaobh faicsinneachd.			✓				PCO
1a		Dèan rannsachadh air dòighean gus cur ri faicsinneachd nan soidhnichean a tha san togalach mar-thà mar dhòigh gus barrachd lèirsinn is tuigse air a' chànain a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus dhan fheadhainn gun Ghàidhlig. Dh'fhaodadh seo a bhith mar chòdan QR, postairean, susbaint-lìn no bileagan a bheir daoine gu barrachd fiosrachaidh		✓					PCO FM PIL
CL	Àbhaisteach mar a	Tha suaicheantas dà-chànanaich aig BCPA.	✓						
CL	chithear 's a chluinnear na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhearb-	Bidh Gàidhlig air suaicheantasan ùra sam bith no leasachadh air suaicheantasan a th' ann mar-thà. Thèid dèiligeadh ris a' Ghàidhlig agus a' Bheurla le spèis cho-ionann.	✓						PCO

CL	aithne is soidhniche an BCPA	Tha cleachdadh na Gàidhlig na phàirt den Stiùireadh Brannd Corporra	✓						PCO
Soidhnichean									
CL	Abhaisteachadh mar a chithear 's a chluinnear na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhearbhaithne is soidhniche an BCPA	Tha soidhnichean dà-chànanach, seasmhach is sealach, ann an togalach Thaigh an Ròid: soidhnichean air taobh a-muigh an togalaich; soidhnichean san àrainn-fhàilteachaidh; soidhnichean fiosrachadh luchd-tadhail agus fiosrachadh poblach; soidhnichean-iùil is soidhnichean ag ainmeachadh roinnean is oifisean air slighe an turais phoblaich san togalach; soidhnichean airson lioftaichean, taighean-beaga, fònaichean poblach, goireasan-bìdh. Tha soidhnichean gan dèanamh le spèis cho-ionann, mar eisimpleir, le bhith a' cleachdadh an aon mheud litrichean sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.	✓						FM PCO
CL		Bidh lainneardan sam bith dà-chànanach ma bhios teacsa sgrìobhte orra.	✓						VS
CL		Obair còmhla ris na cunnradairan againn air an làraich gus dèanamh cinnteach gu bheil na soidhnichean aca a rèir geallaidhean BCPA a thaobh shoidhnichean dà-chànanach ann an àiteachan poblach. (Crèche agus Cafaidh)	✓						FM

## LUCHD-OBACH

### Feallsanachd:

Gus seirbheisean a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach gun tèid na sgilean-obrach iomchaidh agus na sgilean cànanain aig an luchd-obrach a thoirt air adhart. Tha solarachadh cothroman trèanadh cànanain a' cuideachadh le adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig le inbhich agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil feumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànanain agus a' cur ri bhith ga comharrachadh mar sgil buannachdail. Tha seo ga nochdadh le mar a tha Gàidhlig na pàirt de ar planadh sgioba-obrach.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh cuideachd le bhith a' sealltainn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ann an ùghdarras poblach.

**Tha BCPA mothachail air cho cudromach is a tha e a' Ghàidhlig a mheas mar sgil obrach cudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil a' Ghàidhlig riatanach no feumail. Tha BCPA cuideachd a' tuigsinn gu bheil e cudromach gum faigh luchd-obrach cothrom na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh ma tha iad ag iarraidh.**

Air ea mh.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	1	2	3	4	5	Prìomh oifis
Sanasachd Obraichean									
CL	Tha poileasaidh fastaidh BCPA a' dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr de luchd-labhairt Gàidhlig ag obair anns a' bhuidhinn.	Geàrr-abairt dhà-chànanach air an <a href="#">làraich dhreuchdan</a> gus mìneachadh gu bheil a' cur fàilte air iarrtasan bho luchd-labhairt na Gàidhlig	✓						P&C
Fastadh luchd-labhairt na Gàidhlig									
2	CLP 3	Rannsaich a bhith a' gabhail pàirt ann an iomairtean cosnadh is trèanadh òigridh barrantaichte.		✓					P&C PESO
3		Brosnaich gu gnìomhach na cothroman obrach a tha rim faighinn don choimhearsnachd Ghàidhlig tro na seanailean conaltraidh Gàidhlig againn.		✓				PESO	
4		Rannsaich ceist mu luchd-labhairt na Gàidhlig (agus cànanan eile) a chur ri foirmean sgrùdadh iomadachd fastaidh. Adhbhar: dàta a chruinneachadh a dh'fhaicinn a bheil sinn a' tarraing iarrtasan bho luchd-labhairt na Gàidhlig.			✓				P&C PESO

CL		Cumail oirnn a' sònrachadh gum feumar Gàidhlig airson dreuchd Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig agus airson obair aon Oifigear Foghlaim	✓						PESO (P&C)
CL		Dèan cinnteach gu bheil feumalachdan na Gàidhlig an-dràsta agus san àm ri teachd air an gabhail a-steach ann am planadh sgioba-obrach corporra.	✓						P&C PESO
<b>Ionnsachadh na Gàidhlig</b>									
5	Taic ga toirt do luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh agus	Cruthaich ro-innleachd air an taobh a-staigh airson taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, a' beachdachadh air buidheann còmhraidh, ullachadh do luchd-ionnsachaidh Duolingo msaa.		✓					PESO
CL	cothroman gan toirt dhaibh gus na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh san obair.	Thoir taic do luchd-obrach a tha airson Gàidhlig ionnsachadh agus libhrig fiosrachadh mu chlasaichean agus chùrsaichean.  Cùm oirnn a' tabhann àiteachan do luchd-obrach air <i>A' Chùrsa Inntigidh</i> far a bheil iad rim faighinn	✓						PESO P&C
<b>Trèanadh Mothachadh Gàidhlig</b>									
CL	Taic ga toirt do luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh agus cothroman gan toirt dhaibh gus na sgilean	Lean air adhart a' tabhann raon de chothroman trèanadh Gàidhlig do luchd-obrach, BPA agus an luchd-obrach. Stèidhichte air ar prògram Gàidhlig 1,2,3: Gàidhlig 1: Mothachadh, Gàidhlig 2: Abair Beagan agus Gàidhlig 3: Cleachdadh do Ghàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba.  Gàidhlig 1: Mothachadh a bhith riatanach do luchd-obrach a tha a' dèiligeadh ris a' phoball le aire shònraichte air dòighean fàilteachaidh buntainneach, sìmplidh agus freagairtean do cheistean sìmplidh mun Ghàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba.	✓						PESO

6	Gàidhlig aca a chleachdadh san obair.	<p>Cur ri ar cleachdadh làithreach gus na leanas a rannsachadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tabhainn cùrsaichean mothachadh Gàidhlig/bunaiteach Gàidhlig do sgiobaidhean stèidhichte air na feumalachdan sònraichte aca. Tabhainn seiseanan beaga Gàidhlig/mothachadh Gàidhlig airson coinneamhan sgioba.</li> <li>• Trèanadh mothachadh Gàidhlig ri thabhann do Luchd-dreuchd le taic BCPA agus an luchd-obrach aca</li> <li>• Dh'fhaodte gun tèid àiteachan air ar trèanadh Mothachadh Gàidhlig a thabhann do luchd-obrach bho bhuidhnean poblach eile.</li> <li>• Faighnich de BhPA dè na goireasan eile a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh, leithid seiseanan goirid Gàidhlig a dh'aona-ghnothach</li> <li>• Cùm oirnn a' tabhann trèanadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig do chunnradairean freagarrach gus an tuig iad na tha a' Phàrlamaid a' sùileachadh bhuapa a thaobh na Gàidhlig. Bu chòir an trèanadh seo a bhith ri fhaotainn cuideachd do mhanaidsearan cùmhnaint buntainneach. Is iad eisimpleirean de chùmhnantan iomchaidh Dealbhadh, Margaidheachd, Leasachadh Siostaman IT agus Solar-bìdh</li> <li>• Cùm oirnn a' tabhann seiseanan trèanadh Gàidhlig do chunnradairean air an làraich (m.e. solar-bìdh, crèche, luchd-glanaidh, dorsairean) agus muinntir Poileas na h-Alba air an</li> </ul>	✓	✓	✓	✓	✓	✓	PESO CE PCO FM BIT A h-uile oifis
---	---------------------------------------	---	---	---	---	---	---	---	--



		làraich, mus beachdaich sinn air ciamar a sgaoileadh sinn trèanadh do chunnradairean san fharsaingeachd.							
CL		Tog aire mu na goireasan a th' ann airson taic a thoirt do BPA le cleachdadh na Gàidhlig (m.e. <i>Abair Beagan</i> agus <i>Sgrìobh Beagan</i> ) tro chonaltradh cunbhalach do BPA.	✓						Oifis an Oifigeir Riaghlaidh P&C PESO
CL		Tabhainn comhairle do luchd-obrach a' leasachadh gnìomhan foghlaim agus com-pàirteachaidh, gu sònraichte ag àbhaisteachadh na dòigh-obrach seo anns an sgioba Seirbheisean Com-pàirteachaidh.	✓						PESO
A' comharrachadh luchd-obrach le Gàidhlig									
7	Poball agus co-obraichean mothachail gu bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann	Gabh pàirt san sgeama #Cleachdi le luchd-obrach le Gàidhlig a' faighinn lannairdean, stiogairean agus postairean #Cleachdi gus sealltainn gu bheil Gàidhlig aca		✓					PESO P&C

## OBAIR LÀITHEIL

### Feallsanachd:

Tha cleachdadh na Gàidhlig sa chiad àite-coinneachaidh eadar buill a' phobail agus ùghdarras poblach a' cur ris an uiread a tha an cànan ga faicinn is ga cluinntinn, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil fàilte air seo. Cho math ri bhith a' togail ìomhaigh a' chànain, tha e a' cruthachadh chothroman gus a cleachdadh agus a' misneachadh a' phobail gus Gàidhlig a chleachdadh nuair a bhios iad a' dèiligeadh ris an ùghdarras poblach a-rithist. Gu dearbh, is e seo an t-adhbhar gur e soidhne fàilte dhà-chànanach a' chiad rud a chì luchd-tadhail air an t-slighe a-steach do Phàrlamaid na h-Alba.

Tha an aon rud fìor a thaobh conaltradh leis a' Phàrlamaid tro phost, post-d agus fòn. Faodaidh làthaireachd na Gàidhlig ann am farsaingeachd de dh'fhoirmean dà-chànanach agus ann am foirmean sa Ghàidhlig a-mhàin cur gu mòr ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Faodaidh dreachdan Gàidhlig de dh'fhoirmean, bileagan iarrtais agus a leithid, cuideachadh le farsaingeachd briathrachas na Gàidhlig a leudachadh agus mothachadh luchd na Gàidhlig a thogail a thaobh a' bhriathrachais sin, rud a chuidicheas le leasachadh a' chànain fhèin.

**Tha BCPA mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha sinn dealasach a thaobh cur ris an ìre solair anns an raon seo.**

Air ea mh.	Buil	Gnìomhachd	Leantainneach	1	2	3	4	5	Priomh oifis
<b>Conaltradh fòn</b>									
CL	Tha BCPA a' cur fàilte air agus a' brosnachadh	Faodaidh daoine bruidhinn sa Gàidhlig ris a' Phàrlamaid air a' fòn.	✓						PESO
CL	conaltradh fòn sa Ghàidhlig	Tha dòighean gus fios a chur chun na pàrlamaid sa Ghàidhlig rim faighinn ann am foillseachaidhean fiosrachaidh poblach.	✓						PIL
<b>Conaltradh sgrìobhte</b>									
8	Tha BCPA a' cur fàilte air agus a' brosnachadh	Rannsaich dòighean ùra gus sanasachd gu bheil Pàrlamaid na h-Alba a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig (m.e. ann an litrichean, ceistean, cuairt-litrichean, foillseachaidhean).		✓					PESO
9	conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig	Thèid a h-uile oifis a chuideachadh agus a bhrosnachadh gus soidhneadh dà-chànanach a chleachdadh airson buill an sgioba le tìotal obrach, ainm oifis agus seòladh na Pàrlamaid.  Thèid stiùireadh air deagh chleachdadh airson soidhneadh dà-chànanach a dheasachadh.		✓					PESO A h-uile oifis
10		Rannsaich dòighean air ìrean conaltradh dà-chànanach Gàidhlig/Beurla a chlàradh gus sùil a chumail air ìrean cleachdaidh.		✓					PESO
CL		Tha fàilte ro chonaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig agus gheibh e freagairt sa Ghàidhlig taobh a-staigh ùine àbhaisteach (post, post-d agus teacsa). Tha seo a' gabhail a-steach fianais	✓						PESO Clàrcan Sgioba Rianachd Fiosrachaidh agus Riaghlaidh

		sgrìobhte gu comataidhean, athchuingean poblach agus iarrtasan Saorsa Fiosrachaidh.						
CL		Tha Gàidhlig a' nochdadh ann am bann-coise a h-uile puist-d	✓					A h-uile oifis
CL		Tha cairtean-gnothaich dà-chànanach rim faighinn airson luchd-obrach na Pàrlamaid agus BPA.	✓					FM
<b>Foirmean</b>								
CL	Tha BCPA a' cur fàilte air agus a' brosnachadh lionadh fhoirmean sa Ghàidhlig	Tha cuid de dh'fhoirmean rim faighinn sa Ghàidhlig agus faodar a h-uile foirm a lìonadh sa Ghàidhlig m.e. gearanan, iarrtasan obrach  Rannsaichidh sinn mar a dh'fhaodte Gàidhlig a chur ri foirmean Beurla, a' gabhail a-steach far a bheil foirmichean ùra gan leasachadh.	✓					A h-uile oifis
<b>Seirbheisean aghaidh dhan phoball</b>								
11		Tha leabhraichean Gàidhlig agus leabhraichean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig gan reic ann am bùth Pàrlamaid na h-Alba		✓				VS
12	Ionnsachadh mu dheidhinn Pàrlamaid na h-Alba agus conaltradh rithe ga chur air adhart sa Ghàidhlig	Cruthaich seiseanan, goireasan agus gnìomhan sa Ghàidhlig a bheir taic don Ro-innleachd Conaltradh Poblach agus a bheir taic do luchd-ionnsachaidh inbheach. Gheibh seo taic bho phlana conaltraidh gus cleachdadh a bhrosnachadh.  Lean air adhart a' toirt seachad sheiseanan sa Ghàidhlig mu chom-pàirteachadh sa Phàrlamaid.				✓		PESO
CL		Tha modh-obrach ann airson fàilte a chur air luchd-labhairt na Gàidhlig aig an deasg-fhàilteachaidh.	✓					PESO
CL	Ionnsachadh mu dheidhinn Pàrlamaid na h-Alba	Chan fhaighear seiseanan foghlaim com-pàirteachaidh do sgoiltean sa Ghàidhlig an-dràsta air sgàth duilgheadas fastaidh.	✓					PESO

	agus conaltradh rithe ga chur air adhart sa Ghàidhlig	Rè beatha a' phlana seo, obraichidh sinn air slighe air adhart airson ar seirbheisean foghlaim tron Ghàidhlig.							
CL		Gheibh luchd-tadhail turas claisneachd Gàidhlig agus tha cuairtean no seiseanan fiosrachaidh sa Ghàidhlig rim faighinn ma thèid an iarraidh ro-làimh.	✓						PESO
CL		Cùm seiseanan foghlam Gàidhlig do sgoiltean fo sgrùdadh, a' gabhail a-steach cumail sùil air cleachdadh agus fios air ais mu sheiseanan.	✓						PESO
CL		Tha iomradh air a' Ghàidhlig ann an sgrìobtaichean airson cuairtean Pàrlamaid.	✓						PESO
Coinneamhan poblach									
CL	Cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh comasach aig coinneamh an poblach	Faodar eadar-theangachadh mar-aon sa Ghàidhlig a libhrigeadh aig coinneamhan agus tachartasan air an cur air dòigh às leth BCPA agus a thèid a chumail aig Taigh an Ròid no ann an àiteachan eile.  Gabhaidh seo a-steach leigeil le Buidhnean Thar-phàrtaidh am bathar-cruaidh a chleachdadh fhad 's a chumas iad ri riaghailtean BCPA a thaobh taic do Bhuidhnean Thar-phàrtaidh le goireasan BCPA.	✓						PESO
Gabhail pàirt sa choimhearsnachd Ghàidhlig									
13	Tachartasan Gàidhlig	Airson pàirt a gabhail ann an lìonrachadh, deagh chleachdadh iomlaid agus a bhith a' sìor leasachadh bidh sgioba na Gàidhlig:  <ul style="list-style-type: none"> <li>A' frithealadh cho-labhairtean agus tachartasan Gàidhlig far a bheil e iomchaidh gus a'</li> </ul>	✓	✓	✓	✓	✓	✓	PESO

		<p>Phàrlamaid a chur air adhart</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• A' gabhail pàirt ann am fòram conaltraidh Bòrd na Gàidhlig, G-mòr, fòram oifigearan coimhearsnachd Gàidhlig agus fòraman eile mar a bhios iomchaidh</li> <li>• A' gabhail pàirt ann an Capital Gaelic, iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann gus ar tachartasan/solar a bhrosnachadh agus ceanglaichean a chruthachadh le solaraichean eile de sheirbheisean Gàidhlig.</li> <li>• Ag obair gu dlùth le Oifigear Leasachaidh BSL Pàrlamaid na h-Alba gus deagh chleachdadh a choinn a thaobh solar cànanain agus beachdachadh air co-phròiseactan</li> <li>• Ag ionnsachadh bho dheagh chleachdadh ann an reachdadaireachdan eile co-cheangailte ri solar cànanain, m.e. Senedd Cymru, Seanadh Èirinn a Tuath.</li> </ul>							
Luchd-dreuchd									
13 a	Taic do Luchd-dreuchd	A' tabhann comhairle is cuideachadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ma thèid iarraidh le oifigearan a gheibh taic BCPA		✓					Luchd-dreuchd PESO

## CONALTRADH

### Feallsanachd:

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann am farsaingeachd de stuthan clò-bhuailte cuideachadh le leasachadh a' chànain ann an diofar dhòighean. Tha e a' cur ri faicsinneachd na Gàidhlig, a' togail a h-inbhe le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìomhaigh, agus tha e a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh briathrachas ùr agus a' cur ri briathrachas a th' ann mar-thà. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' dearbhadh gu bheil an t-ùghdarras poblach airson fiosrachadh cudromach a sgaoileadh tron Ghàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Mar a tha ùghdarrasan poblach a' faicinn gu bheil barrachd is barrachd dhaoine a' faighinn fiosrachadh tro na làraich-lìn aca, bidh Gàidhlig air làraichean-lìn a' cur gu mòr ri inbhe agus follaiseachd a' chànain.

**Tha BCPA a' gealltainn cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann na raointean as motha ùidh aig a' phoball san fharsaingeachd no far a bheil cuspairean ann a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin.**

Àireamh.	Buil	Gnìomhachd	Leantain					Prìomh oifis
			1	2	3	4	5	
<b>Meadhanan agus dàimh phoblach</b>								
14		<p>A rèir na ro-innleachd susbaint, agus feumalachd luchd-cleachdaidh, a tha mar bhunait air seo, dèan co-chomhairle le coimhearsnachd na Gàidhlig a thaobh na dòigh as fheàrr air naidheachdan is fiosrachadh mun Phàrlamaid a thoirt seachad thuca.</p> <p>Stèidhichte air a' cho-chomhairle seo, nì sinn stuthan conaltraidh ùra airson coimhearsnachd na Gàidhlig le naidheachdan mu chuspairean leithid ghnòthaichean pàrlamaideach, tachartasan agus com-pàirteachadh. Thèid co-dhùnadh air an dearbh shusbaint agus cruth ann an co-chomhairle leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig.</p> <p>Nithear seo an àite eadar-theangachadh a h-uile brath naidheachd leis an amas naidheachdan is fiosrachaidh nas tarraingiche a chruthachadh air a bheil feill nas motha.</p>		✓				PESO PCO SPICe

		<p>Nì sinn cuideachd ath-bhreithneachadh air na tairgsean air-loidhne làithreach – m.e. duilleagan-lìn, blogaichean agus meadhanan sòisealta gus faighinn a-mach dè an t-susbaint, na cruthan agus na seanailean as fheàrr a ruigeas Coimhearsnachd na Gàidhlig.</p> <p>Bithear a' cumail sùil air sianalan gus dèanamh cinnteach gu bheil an solar a rèir ar prìomhachasan, agus gu bheil sinn a' ruigsinn na coimhearsnachd.</p>						
15		Dèan agus libhrig plana conaltraidh gus aire a thogail mu sheirbheisean Gàidhlig agus cleachdadh a bhrosnachadh, a' gabhail a-steach stuthan/goireasan conaltraidh ùra	✓					PESO PCO
16		Dèan eadar-theangachadh air brìgh naidheachd Ghàidhlig co-cheangailte ri gnothaichean na Pàrlamaid airson Chomataidhean agus cho-obraichean.	✓					PESO
CL		Tha neach-labhairt Gàidhlig ri fhaighinn airson agallamhan sa Ghàidhlig leis na meadhanan	✓					PCO
CL	Àbhaisteachadh mar a chithear 's a chluinnear na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de	Tha Gàidhlig anns an stuth margaidheachd uile againn tron t-suaicheantas chorporra agus bidh tionndaidhean Gàidhlig gan dèanamh de stuth margaidheachd far a bheil sin iomchaidh Tha sinn an còmhnaidh a' beachdachadh air ciamar a ghabhas pròifil na Gàidhlig a thogail san obair margaidheachd a nì a' Phàrlamaid air-loidhne agus ann an clò.	✓					PCO

	dhàimh phoblach BCPA								
Stuthan clò-bhuailte agus air-loidhne									
17		Rannsaich dòighean gus aire a thogail mun Ghàidhlig air balla a-muigh an togalaich, mar eisimpleir, le bhith a' cleachdadh an sgrion didseataich a thathar a' moladh.		✓					PCO
18	Àbhaiste achadh faicinn is cluinntinn na Gàidhlig, agus brosnachadh luchd-labhairt na Gàidhlig gus an cànan a chleachdadh ann an conaltradh le Pàrlamaid na h-Alba	Far a bheil stuthan fiosrachaidh rim faighinn ann an tionndaidhean Gàidhlig fa leth, innsidh sinn gu soilleir gu bheil tionndadh Gàidhlig ri fhaighinn agus mar a gheibhear e.		✓					PCO PIL
19		Beachdaichidh sinn air iarrtasan bhon taobh a-muigh no bhon taobh a-staigh airson eadar-theangachadh Gàidhlig a dhèanamh de phàipearan no foillseachaidhean sam bith nach eil rim faighinn sa Ghàidhlig.		✓					PESO
20		Cruthaichidh sinn stiùireadh air dè na h-iarrtasan eadar-theangachaidh a bu chòir prìomhachas fhaighinn gus co-dhùnadh dè na stuthan a bhios sinn ag eadar-theangachadh (mura bi sinn gan eadar-theangachadh co-dhiù).		✓					
CL		Tha taghadh farsaing de ghoireasan fiosrachaidh is foghlaim ann an clò agus air-loidhne, a' gabhail a-steach goireasan eadar-obrachail, rim faighinn sa Ghàidhlig, foillseachaidhean dà-chànanach nam measg.  Tha na goireasan foghlaim againn uile rim faighinn an dàrna cuid san dà chànan, no faodar an	✓						PESO



	na Gàidhlig, agus brosnachadh	libhrigeadh ma thèid an iarraidh. Beachdaichidh sinn barrachd air seo uile agus sinn a' smaoinichadh air mar a bheir sinn taic do fhoghlam Gàidhlig.						
CL	luchd-labhairt na Gàidhlig agus an cànan a chleachdadh ann an conaltradh le Pàrlamaid na h-Alba	Tha tiotalan no geàrr-chunntasan Gàidhlig a' nochdadh ann an raon de dh'fhoillseachaidhean oifigeil agus eile, leithid nan Gnàth-riaghailtean agus Còd Giùlain BPA	✓					Oifis an t-Seòmair Oifis nan Comataidhean SPICe Aithisg Oifigeil
CL		Foillsich aithisg bhliadhnail Pàrlamaid na h-Alba ann an cruth dà-chànanach, a thèid an àite nan tionndaidhean fa leth sa Ghàidhlig agus sa Bheurla a th' ann an-dràsta  Tha ullachadh Aithisg Bhliadhnail Pàrlamaid na h-Alba ga sgrùdadh an-dràsta. Ma thèid an stuth/fiosrachadh a chur a-mach ann an riochd air choireigin, thèid seo a dhèanamh sa Ghàidhlig.	✓					PIL PCO
CL		Cur am meud an uiread eileamaidean grafaigeach le Gàidhlig annta m.e. cairtean, clàran, grafaigean fiosrachaidh, tiotalan dhealbhan, cairtean pròiseis.	✓					SPICe PCO
CL		Tha raon sgrìobhainnean air am foillseachadh le tiotal, geàrr-chunntas agus/no facal-toisich dà-chànanach gus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail. Tha sinn a' beachdachadh fhathast air sgrìobhainnean eile a dh'fhaodadh a bhith a' toirt a-steach tiotal/geàrr-chunntas/facal-toisich dà-chànanach.	✓					PCO Oifisean eile mar a bhios ìomchaidh
CL		Tha Gàidhlig a' nochdadh ann an teamplaidean agus clàran oifigeil gnothaichean na Pàrlamaid agus BCPA tro thiotalan no cinn dhà-chànanach.  Tha sinn a' beachdachadh fhathast air teamplaidean agus clàran dh'fhaodadh a bhith a' toirt a-steach Gàidhlig.	✓					A h-uile oifis

Làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus craoladh							
21		Cruthaich faidhlichean-fuaim air-loidhne de phrìomh abairtean pàrlamaideach Gàidhlig airson an cleachdadh a-staigh agus a-muigh a' gabhail a-steach – soidhnichean a dh'fhaodadh luchd-tadhail fhaicinn, ainmean roinnean-pàrlamaid/sgìre, ainmean sgioba, ainmean bhuidhnean Gàidhlig is eile.			✓		PESO P&C (Eadralion)
22		Ullaich Ceistean Cumanta mun Ghàidhlig, agus mu Ghàidhlig sa Phàrlamaid airson an cleachdadh a-staigh agus a-muigh			✓		PESO PCO P&C (Eadralion)
23		Foillsichidh blog SPICe tionndaidhean Gàidhlig de chuid de phuist, a' toirt prìomhachas do chùisean anns a bheil an ùidh as motha aig a' phoball san fharsaingeachd agus feadhainn sa bheil ùidh shònraichte aig luchd-labhairt na Gàidhlig.  Cleachdaidh sinn an stiùireadh againn mu prìomhachas air eadar-theangachadh Gàidhlig gus cuideachadh le seo (gealladh 20).			✓		SPICe
CL	Meudachadh faicsinneachd na Gàidhlig air na duilleagan-lìn Beurla is Gàidhlig agus na meadhan an sòisealta, a' toirt cothrom do luchd-labhairt na Gàidhlig ionnsachadh mu	Tha grunn dhuilleagan-lìn rim faighinn sa Ghàidhlig air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba  Tha duilleagan-lìn againn ann am Beurla cuideachd mun t-seirbheis Ghàidhlig  Nì sinn cho-comhairle le coimhearsnachd na Gàidhlig mu dè na stuthan conaltraidh a bu toil leotha fhaicinn, a' gabhail a-steach air na duilleagan-lìn Ghàidhlig, rè beatha a' phlana seo. Faic an earrann conaltraidh gu h-àrd.	✓				PCO PESO
CL		Tha <a href="#">blog Gàidhlig Pàrlamaid na h-Alba</a> ann agus sruth twitter Gaelic @ParlAlba agus <a href="#">Facal Gàidhlig na Seachdain</a> air Soundcloud. Bidh stuth sa Ghàidhlig agus mu	✓				PCO PESO

	dheidhinn agus eadar-obrachadh le Pàrlamaid na h-Alba sa Ghàidhlig	dheidhinn na Gàidhlig a' nochdadh gu tric air sianail chorporra Twitter agus air sianailean nam meadhanan sòisealta eile aig a' Phàrlamaid. Tha sinn an dùil na tha seo fhàs a rèir thargaidean corporra airson mheadhanan sòisealta.						
CL		Bidh a h-uile bhidio a thèid a dhèanamh an-dràsta a' cleachdadh suaicheantas corporra dà-chànanach na Pàrlamaid. Bidh an Oifis Craolaidh a' cleachdadh na Gàidhlig na riochdachadh (brataichean, sleamhnagan is eile) far a bheil sin comasach agus tha iad a' leantainn air adhart a' faighinn eòlas agus a' leasachadh stiùireadh air bhideothan dà-chànanach.	✓					Craoladh
Tachartasan agus Taisbeanaidhean								
24		Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' gabhail pàirt ann an Seachdain na Gàidhlig gach bliadhna.		✓				PESO PCO
CL	Àbhaisteachadh faicinn is cluinntinn na Gàidhlig ann an tachartas an is taisbeanaidhean BCPA	<p>Bidh BCPA a' cumail thachartasan agus taisbeanaidhean Gàidhlig leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh BCPA a' cumail tachartas Latha na Gàidhlig gach dàrna bliadhna</li> <li>• Bidh BCPA a' cumail na cuairt deireannaich de Dheasbad nan Sgoiltean Gàidhlig mar thachartas le taic Buill (agus cuirm airson Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig)</li> <li>• Bidh cluicheadairean Gàidhlig aig prìomh thachartasan leithid na Cuirm Fosglaidh</li> <li>• Tha tiotalan dà-chànanach air obraichean ealain a tha</li> </ul>	✓				PESO EET	

		<p>air an taisbeanadh sa Phàrlamaid.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh taobh Gàidhlig ris a h-uile taisbeanadh anns a' Phrìomh Thalla. Bidh taisbeanaidhean le Phàrlamaid na h-Alba gu tur dà-chànanach. Airson taisbeanaidhean bhon taobh a-muigh, obraichidh sinn le luchd-stiùiridh an taisbeanaidh gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann</li> <li>• Bidh fiosrachadh cudromach ann an taisbeanadh (seasmhach) Prìomh Thalla Phàrlamaid na h-Alba fhathast dà-chànanach leis a' Ghàidhlig follaiseach anns na pàirtean eadar-obrachail.</li> <li>• Comharrachadh dhòighean air a' Ghàidhlig fhisge a-steach do phrìomh thachartasan conaltraidh na Phàrlamaid, a' gabhail a-steach an Fhèis Phoilitigs</li> <li>• Bidh gach goireas didseatach poblach a tha air a chleachdadh sa Phrìomh Thalla agus àiteachan poblach eile na Phàrlamaid agus air-loidhne ri fhaighinn anns a' Bheurla agus a' Ghàidhlig.</li> </ul>						
Conaltradh A-staigh								
25	Mothachadh air an taobh a-staigh air solar Gàidhlig agus air a' Phlana Ghàidhlig	<p>Dèan cinnteach gu bheil Gàidhlig a' nochdadh gu cunbhalach anns a' chonaltradh ann an Siostaman luchd-obrach na Phàrlamaid. An-dràsta tha seo a' gabhail a-steach an Iris Chorporra, an t-Eadra-lion agus aithisg mhiosail a' Cheannaird do BCPA.</p> <p>Bidh aithrisean mun Ghàidhlig a' nochdadh gu cunbhalach anns an</p>		✓				P&C

		Iris Chorporra agus an Eadra-lìon gus fios a sgaoileadh mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bharrachd air seirbheisean Gàidhlig na Pàrlamaid.							
26		Bidh a' frithealadh coinneamhan sgioba oifis BCPA gus taisbeanadh a dhèanamh air a' phlana Ghàidhlig agus airson taic conaltraidh, agus thoir seachad beagan trèanadh Gàidhlig bunaiteach rè beatha a' phlana seo.		✓	✓	✓	✓	✓	PESO A h-uile oifis
27		Bidh mothachadh air a' Phlana Ghàidhlig ann an taisbeanadh inntigridh luchd-obrach		✓					PESO A h-uile oifis
28		Rannsaich cruthachadh stàilichean mothachaidh/pop-ups/seiseanan/susbaint Ghàidhlig ann an cuairt-litir airson luchd-amais air an taobh a-staigh – m.e. co-cheangailte ri biadh airson an t-seòmar-bìdh, seiseanan sònraichte airson lìonraidhean luchd-obrach – m.e. seasmhachd, briathrachas LGBT.				✓			PESO
29		A thuilleadh air làthaireachd Ghàidhlig a chur am meud air an Eadra-lìon a rèir gheallaidhean eile, cruthaichidh sinn làthaireachd Ghàidhlig air eadra-lìon ùr Pàrlamaid na h-Alba gus aire mun Ghàidhlig agus mun Phlana Ghàidhlig a thogail taobh a-staigh na Pàrlamaid.			✓				P&C PESO
CL		Tog mothachadh mu na tha ri fhaighinn de ghoireasan ICT Gàidhlig a' gabhail a-steach aplacaidean Windows sa Ghàidhlig, cleachdadh na Gàidhlig air meur-chlàran agus brosnach daoine a bhith gan cleachdadh.	✓						PESO P&C BIT



**Feallsanachd:**

Tha leasachadh na Gàidhlig anns an raon seo air leth cudromach airson na Gàidhlig ann an Alba san àm ri teachd. Bidh obair air corpas na Gàidhlig a' cruthachadh briathrachas agus modhan-labhairt ùra a leigeas leis a' chànan a bhith nas buntainneach is nas cunbhalaiche. Air an adhbhar seo, thèid ceuman a ghabhail gus dèanamh cinnteach gun lean leasachadh cànanach na Gàidhlig.

**Tha BCPA ag aithneachadh cho cudromach 's a tha leasachadh na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil i freagarrach airson gach cleachdadh iomchaidh agus airson a bhith ga cleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean a tha a' sior fhàs.**

Aireamh.	Buil	Gnìomhachd	Leantainneach	1	2	3	4	5	Prìomh oifis
Cumail ri Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig									
CL	Leanaidh BCPA Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC)	Nì BCPA cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig sgrìobhte againn uile a' leantainn a' Ghnàthachas Litreachaidh Ghàidhlig (GOC) as ùire	✓						PESO
Cleachdadh ainmean-àite ceart									
CL	Nì BCPA cinnteach gun tèid riochd cheart ainmean-àite a chleachdadh	Bidh BCPA a' cleachdadh riochdan ainmean-àite a tha air am moladh le <i>Ainmean-àite na h-Alba</i>	✓						PESO
CL		Bidh BCPA a' gabhail pàirt ann an obair <i>Ainmean-àite na h-Alba</i>	✓						PESO
30		Iarraidh sinn air Ainmean-àite na h-Alba rannsachadh a dhèanamh air an riochd cheart Ghàidhlig de dh'ainmean-àite a tha a' nochdadh ann am foillseachaidhean /meadhanan sòisealta pàrlamaid nach eil fhathast ann an stòr-		✓					PESO

		dàta ainmean-àite na Gàidhlig.							
Inbhean seirbheis eadar-theangachaidh									
CL	Cùm ri àrd-ire de dh'eadar-theangachaidh	Tha cùmhnant fa-leth aig BCPA airson eadar-theangachadh Gàidhlig gus dèanamh cinnteach à càileachd	✓						PESO Solar
CL		Tha a h-uile eadar-theangachadh air a dhearbhadh in-thaigh gus dèanamh cinnteach à càileachd agus gèilleadh ri GOC.  Nì sinn ath-bhreithneachadh air tasgadh ann an dearbhadh teacsa gus luchd-obrach a shaoradh airson geallaidhean ùra sa phlana Ghàidhlig seo a choileanadh, ach aig an aon àm a' cumail càileachd an-àirde.	✓						PESO
31		Cleachdaidh sinn inneal Eadar-theangachaidh le Taic Coimpiutaireachd (inneal CAT) gus dèanamh cinnteach à eadar-theangachadh cunbhalach		✓					PESO
Irean seirbheis eadar-theangachaidh agus eadar-mhìneachaidh									
32		Rannsaich an gabh susbaint Ghàidhlig na h-Aithisg Oifigeil a thasgadh ann an tasglannan Gàidhlig iomchaidh.			✓				PESO OR



## ÀBHAISTEACHADH

Àir ea mh.	Buil	Gnìomhachd	Leantain	1	2	3	4	5	Prìomh oifis
33	Tha Gàidhlig air a h-àbhaisteachadh ann an obair BCPA	<p>Thuir PG3:</p> <p>Brosnaichidh pròiseas dealbhadh pròiseict ceist mu àite na Gàidhlig aig àm tòiseachaidh pròiseict.</p> <p>Tha seo a-nis air ùrachadh gus an tèid a ghabhail a-steach ann an obair 2023 air foirm EQIA na buidhne a tha a' Bhuidheann Conaltradh Poblach a' dèanamh. Bidh EQIAan gan cleachdadh leis a h-uile pròiseact agus nas fharsainghe leis a' bhuidhinn airson poileasaidhean a mheasadh. Air an adhbhar sin, is e targaid atharraichte a tha seo agus tha e air a chomharrachadh mar thargaid ùr.</p>		✓					PESO
34		<p>Ann am Plana Gàidhlig 3 thuir sinn: Bidh a' Bhuidheann-obrach Ghàidhlig a' buileachadh a' Phlana Ghàidhlig agus a' dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig air a h-àbhaisteachadh ann an obair na Pàrlamaid. Rè beatha a' phlana, feuchaidh sinn ris a' Bhuidheann-obrach Ghàidhlig làithreach a ghluasad gu lionra iomadachd is in-ghabhail foirmeil gus a' Ghàidhlig fhisghe a-steach nar smaoinachadh chorporra air co-ionannachd.</p> <p>Tha sinn ag ath-bhreithneachadh air an dòigh as fheàrr air seo a thoirt air adhart stèidhichte air obair haidhbrid agus co-theacs cànan nas fharsainghe. Tha sinn a' rannsachadh Lionra Chànanan a stèidheachadh a' gabhail a-</p>		✓					P&C PESO Rìochdairean bho oifisean eile

		steach Gàidhlig, BSL agus cànanan eile. Air an adhbhar sin, is e targaid atharraichte a tha seo agus tha e air a chomharrachadh mar thargaid ùr.						
CL		Dèan aithisg gèillidh ràitheil don Bhuidhinn Stiùiridh air Buileachadh a' Phlana Ghàidhlig.	✓					PESO
CL		Dèan ath-bhreithneachadh air plana libhrigidh a' Phlana Ghàidhlig gach sia mìosan, a' dèanamh cinnteach gu bheil ar prògram-obrach a' coimhead 12 mìos air adhart an-còmhnaidh. Bheir seo cothrom ar seirbheisean ath-bhreithneachadh a rèir eòlas agus ar prìomhachasan a chomharrachadh gu leantainneach.	✓					PESO
CL	Tha Gàidhlig air a h-àbhaisteachadh ann an obair BCPA	Dèan cinnteach gu bheil geallaidhean Gàidhlig fon Phlana Ghàidhlig air an toirt an lùib Planaichean Oifis.	✓					Ionmhas
CL		Obair leis an sgioba Solarachaidh againn a bheachdachadh air cothroman gus feumalachdan Gàidhlig a thoirt a-steach do chùmhnanntan buntainneach anns a' phròiseas tairgse.	✓					Solar
CL		Tabhainn fiosrachadh mun Ghàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba mar phàirt roghnach de phrògram na h-Oifis Dhàimhean Eadar-nàiseanta do luchd-tadhail à dùthchannan/roinnean le cànan roinneil no mion-chànan (m.e. Alba Nuadh, Poblachd na h-Èireann, Èirinn a Tuath, Eilean Mhanainn, a' Chuimrigh, Dùthaich nam Basgach, Catalonia msaa. )	✓					IRO
CL		Toirt taic leantainneach don Chlàr Coiteachaidh le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an obair a' chlàir agus na chonaltradh agus adhartachadh.	✓					Clàr Coiteachaidh

CL		Thoir seachad taic leantainneach don luchd-obrach a tha ag obair air Fòram Alba air Thoiseach a' dèanamh cinnteach gu bheil iad comasach air a' Ghàidhlig fhisge a-steach gu h-èifeachdach don phrògram obrach agus na stuthan conaltraidh is adhartachaidh aca.	✓							Fòram Alba air Thoiseach
----	--	--	---	--	--	--	--	--	--	--------------------------

#### GNOTHAICHEAN PÀRLAMAIDEACH

Àireamh.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn each	1	2	3	4	5	Prìomh oifis
----------	------	------------	----------------	---	---	---	---	---	--------------

**Nòta:** Bidh [Gnàth-riaghailtean Pàrlamaid na h-Alba](#) a' stèidheachadh mar a ghabhas cànanan a chleachdadh anns an t-seòmar-deasbaid agus na comataidhean. Tha [Poileasaidh Cànan BCPA](#) a' stèidheachadh nam prionnsapalan air a bheil sinn a' libhrigeadh. Tha seo a' gabhail a-steach na leanas:

- Tha cuideachadh prataigeach ga thoirt do Bhuill gus Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothach na Pàrlamaid
- Faodar aithisgean comataidh no Bilean fhoillseachadh sa Ghàidhlig le cead Ceann Seòmair agus Aithris
- Faodar molaidhean airson bhilean, gluasadan, atharrachaidhean agus ceistean a chur a-steach le eadar-theangachadh Gàidhlig. Thèid an t-eadar-theangachadh fhoillseachadh leis an tionndadh Beurla na chois
- Faodaidh BPA Gàidhlig a chleachdadh ann an deasbaidhean le cead ro-làimh bhon Oifigeir Riaghlaidh no ann an Comataidhean le cead an Neach-gairm
- Faodaidh luchd-fianais comataidh fianais beòil a thoirt seachad sa Ghàidhlig aig coinneamh le cead ro-làimh bhon Neach-gairm
- Faodaidh duine sam bith a gheibh cuireadh bruidhinn ris a' Phàrlamaid bruidhinn sa Ghàidhlig le cead ro-làimh bhon Oifigeir Riaghlaidh
- Nuair a thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an deasbaidhean no comataidhean, nochdaidh an teacs Gàidhlig anns an Aithisg Oifigeil ro thar-sgrìobhadh den eadar-mhìneachadh don Bheurla
- Tha BCPA a' libhrigeadh ghoireasan gus BPA a chuideachadh a' coileanadh an dleastanasan mar Bhuill. Tha seo a' gabhail a-steach seirbheisean eadar-theangachaidh agus eadar-mhìneachaidh a tha air am pàigheadh tro na Cosgaisean oifis aca. Tha comhairle ri fhaighinn bho luchd-obrach BCPA

35		<b><u>Eadar-mhìneachadh mar-aon:</u></b> Tha Pàrlamaid na h-Alba air uidheamachd eadar-mhìneachaidh		✓	✓	✓	✓	✓	Craoladh
----	--	--	--	---	---	---	---	---	----------



	ga bhrosnachadh ann an Gnothaichean na Pàrlamaid	theangachadh air gluasadan, ceistean, atharrachaidhean; bruidhinn na Gàidhlig san t- seòmar/comataidhean, eadar- theangachadh air bilean agus aithisgean comataidh) mu dhòighean airson Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothaichean pàrlamaideach, a' gabhail a-steach eadar-theangachadh fhaighinn agus pàigheadh air a shon.						Oifis an t- Seòmair PIL P&C Cuibhreannan
36		Cleachdadh an stiùiridh aontaichte fo amas 20 gus sgrìobhainn stiùiridh ullachadh do Chomataidhean is Buill a thaobh cuin a dh'fhaodadh iad beachdachadh air eadar- theangachadh Gàidhlig air Aithisgean Comataidh (gu h-iomlan no ann am pàirt) agus stuthan Gàidhlig eile.		✓				PESO Oifis nan Comataidhean
37		Faodaidh Buill a tha a' cur a-steach molaidhean airson Bilean Bhall roghnachadh sgrìobhainnean leithid pàipearan co-chomhairle no anailis co-chomhairle fhoillseachadh mu na bilean aca sa Ghàidhlig a bharrachd air Beurla no geàrr- chunntasan Gàidhlig ullachadh. Bheir an t-Aonad Bilean Neo- riaghaltais fios do Bhuill air seo agus mar as urrainn dhaibh eadar- theangachadh a chur air dòigh.		✓				Aonad Bilean Neo-riaghaltais
38		Cruthaich eadar-theangachadh de sgrìobhainn do Bhuill air stoidhle- taighe airson cleachdadh ann an ceistean agus gluasadan		✓				PESO Oifis an t- Seòmair
39		Thèid tionndaidhean Gàidhlig de dh'fhiosrachadh SPICe ullachadh airson cuspairean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig no a dh'fhaodadh a bhith gu sònraichte inntinneach do luchd-labhairt na Gàidhlig. Thèid stuthan deasbaid airson BPA		✓				SPICe

		ullachadh sa Ghàidhlig airson deasbadaidh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.							
40	Àbhaisteachadh mar a chithear 's a chluinnear na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dh'obair BCPA	Tha cleachdadh na Gàidhlig air a chomasachadh agus air a bhrosnachadh air ùrlaran conaltraidh air-loidhne (bidh sinn a' cleachdadh Your Priorities agus Citizen Space an-dràsta)	✓						PACT
CL	Àbhaisteachadh mar a chithear 's a chluinnear na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dh'obair BCPA	Foillsich an taic a tha ri fhaighinn do Bhuill tron sgeama Cuibhreann Bhall airson eadar-theangachadh Gàidhlig. Deasaich comhairle do Bhuill mu bhith a' lorg eadar-theangachadh.  Dèan liosta de dh'abairtean Gàidhlig cumanta agus dèan teamplaidean a dh'fhaodadh BPA a chleachdadh le abairtean Gàidhlig orra air postairean airson fhreastallannan, sanasan, cuairt-litrichean, cairtean twitter agus aithisgean bliadhna aig BPA.							Cuibhreannan PESO
CL		Àm Cnuasachaidh ga libhrigeadh sa Ghàidhlig co-dhiù aon turas gach seisean	✓						Oifis an t-Seòmair
CL		Dèan clàradh air cleachdadh na Gàidhlig ann an gnothach na Pàrlamaid (seòmair, comataidh, gluasadan, ceistean).	✓						PESO

CL		Bidh stuthan luchd-fianais a' dèanamh cinnteach gum bi fios aig luchd-fianais chomataidhean gu faod iad fianais beòil a libhrigeadh sa Ghàidhlig (le aonta an neach-gairm ro làimh). Cuideachd, tha fiosrachadh air mar a bheirear taic do luchd-fianais agus mar a làimhsichear fianais sgrìobhte anns an Leabhar-làimhe Clàraidh.	✓						Oifis nan Comataidhean
CL		Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh na Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh ann an gnìomhan conaltraidh neo-fhoirmeil comataidh.	✓						PACT Oifis nan Comataidhean PESO
CL		Tha cuid de ghairmean fianais air am foillseachadh sa Ghàidhlig gus conaltradh le comataidhean sa Ghàidhlig a bhrosnachadh.  Cleachdaidh sinn slatan-tomhais prìomhachais air an ullachadh airson eadar-theangachadh Gàidhlig gus co-dhùnadh dè thèid eadar-theangachadh.	✓						PACT Oifis nan Comataidhean PESO

### **Clàr-iùil oifisean:**

BIT = Teicneòlas Fiosrachaidh Gnothaich  
 CE= Oifis a' Cheannaird  
 EET = Sgioba Thachartasan is Thaisbeanaidhean  
 FM = Riaghladh Ghoireasan  
 IRO = Oifis Dhàimhean Eadar-nàiseanta  
 PACT =Sgioba Gabhail Pàirt is Coimhearsnachdan  
 P&C = Daoine is Cultar  
 PCO = Oifis Conaltraidh na Pàrlamaid  
 PESO = Oifis Seirbheisean Com-pàirteachadh Poblach  
 PO = An t-Oifigear Riaghlaidh  
 PIL = Fiosrachadh a' Phobaill is Chànanan  
 SPICe = Ionad Fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba  
 VS = Seirbheisean Luchd-tadhail

# BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

## CLÀR-AMA

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad 5 bliadhna bhon cheann-latha air an deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Ro dheireadh an ama seo, nì sinn ath-bhreithneachadh air a' Phlana, nì sinn atharrachadh sam bith a tha a dhìth air agus cuiridh sinn do Bhòrd na Gàidhlig e airson aonta.

Anns an earrainn *Geallaidhean a' Phlana*, tha sinn air cinn-latha a chomharrachadh airson targaidean fa leth nuair a tha sinn an dùil geallaidhean sònraichte a bhuileachadh.

## FOILLSEACHADH A' PHLANA

### TAOBH A-MUIGH

Thèid Plana Gàidhlig Buidheann Chorporra Phàrlamaid na h-Alba fhoillseachadh gu dà-chànanach air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba. Tha plana conaltraidh ga chruthachadh a chleachdas measgachadh de dhòighean gus aire a thogail mun Phlana. Gabhaidh seo a-steach conaltradh a-staigh (leithid le BPA agus an luchd-obrach) agus conaltradh a-muigh, a' gabhail a-steach conaltradh agus adhartachadh didseatach. Tha seo dualtach cleachdadh:

- ar làrach-lìn agus ar cunntasan corporra is meadhanan sòisealta Gàidhlig
- ar cuairt-litir-d
- Cur air adhart gu buidhnean Gàidhlig agus buidhnean eile le ùidh sa chùis
- libhrigeadh lethbhreacan dà-chànanach den Phlana do dhuine sam bith a dh'iarras iad.

### FIOSRACHADH GU BUIDHNEAN EILE MUN PHLANA

A bharrachd air an obair a tha air a mhìneachadh gu h-àrd, nì ar plana conaltraidh cinnteach gun innis sinn do chunnraidairean air an làraich agus do chunnraidairean iomchaidh eile gu bheil ar Plana Gàidhlig ann tro mhanaidsearan chùmhnanan.

### A-STAIGH

Dèiligidh am plana conaltraidh againn ri conaltradh a-staigh cuideachd agus sgaoilidh e fios mu fhoillseachadh agus buileachadh leantainneach a' Phlana againn gu BPA agus luchd-obrach aig gach ìre tro:

- An eadra-lìon agus an Iris Chorporra againn
- Trèanadh mothachadh Gàidhlig airson obrach agus cunnraidairean
- Gnìomhan san àrainn a tha rim faighinn agus air an cur air adhart a-staigh



## MAOINEACHADH A' PHLANA:

Thèid na gnìomhan sa Phlana a mhaoineachadh tro bhuidseatan làithreach BCPA.

## SGRÙDADH A' PHLANA

Bithear a' sgrùdadh ar plana airson adhbharan aithris phoblaich gach ràith don Sgioba-stiùiridh againn, agus gach bliadhna gu BnG.

# LEAS-PHÀIPEAR 1: DREACHD PLANA GÀIDHLIG SPCB – AITHISG CHO-CHOMHAIRLEACHAIDH

## An co-chomhairleachadh

1. Bha an co-chomhairleachadh poblach fosgailte bho 20 Gearran 2023 gu 3 Giblean 2023 agus chaidh a dhèanamh le ceisteachan-lìn air [CitizenSpace](#).
2. Fhuair an co-chomhairleachadh poblach 700 de sheallaidhean air duilleagan air an làraich-lìn againn agus 124 de fhreagairtean (ìre àrd). Am measg nam modhan-sanasachd bha:
  - a. Postairean agus bileagan
  - b. Brath-naidheachd
  - c. Làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba
  - d. Puist mheadhanan sòisealta air cunntasan corporra Facebook, Twitter is Instagram agus air cunntas Gàidhlig twitter, POs Pàrlamaid na h-Alba agus cunntasan-saideil eile aig Pàrlamaid na h-Alba.
  - e. Craoladh-lìn
  - f. Litir-dhealain Pàrlamaid na h-Alba agus cuairt-litrichean BSL
  - g. Conaltradh air an taobh a-staigh tron Chuairt-iomradh Chorporra
  - h. Post-dealain gu buidhnean Gàidhlig nàiseanta agus ionadail.

## **Ìre nam freagairtean agus na freagairtean fhèin**

3. Tha 124 freagairtean nan ìre àrd de fhreagairtean airson Plana reachdail Gàidhlig. Tha na h-àireamhan air fad agus sgrùdadh mionaideach a' tighinn an dèidh a' ghiorrachaidh seo.
4. A-mach às na freagairtean:
  - a. Bha a h-ochd bho bhuidhnean is eagrachaidhean.<sup>7</sup>
  - b. Bha 116 bho dhaoine fa leth, ochd freagairtean bhon taobh a-staigh nam measg (bho Bhuill/luchd-obrach nam Ball, Luchd-obrach Pàrlamaid na h-Alba agus luchd-cùmhnaint ag obair ann am Pàrlamaid na h-Alba).
5. Bha 11 de na freagairtean sa Ghàidhlig agus an còrr sa Bheurla.
6. A-mach às an fheadhainn a fhreagair, bha comas/ceangal Gàidhlig mar a leanas:

---

<sup>7</sup> B' iad na buidhnean a thug freagairt: Oilthigh Dhùn Èideann, Comhairle na Gàidhealtachd, Sgioba na Gàidhlig aig Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Cathair Ghlaschu, Comhairle Cathair Dhùn Èideann, Comhairle Dhùn Phrìs is Ghall-Ghàidhealaibh agus Còmhdhail Boireannaich na h-Alba

Seòrsa	Àireamh	%
Fileantach	17	14%
Neach-ionnsachaidh	68	55%
Cuideigin aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig	14	11%
Eile	25	20%

### **Freagairtean air a' cho-chomhairleachadh – Giorrachadh Luchd-gnìomha**

7. Chaidh taic fharsaing a chur am measg an luchd-fhreagairt ris a' Phlana Ghàidhlig. Bha taic làidir ris a h-uile gin de na seachd raointean sa phlana (faicsinneachd, luchd-obrach, obrachadh bho là gu là, conaltradh, corpus, àbhaisteachadh agus gnothach Pàrlamaideach).
8. Bha na cuspairean bunaitich ag èirigh bho na freagairtean mar a leanas:
  - a. Cho cudromach agus a tha trèanadh luchd-obrach, an dà chuid trèanadh ann am mothachadh agus trèanadh ann an cànan, agus cho cudromach agus a tha e gum bi e fosgailte dha na h-uile ag obair ann am Pàrlamaid na h-Alba.
  - b. Cho cudromach agus a tha e a bhith a' dèanamh cleachdadh na Gàidhlig soirbh agus a bhith ga shanasachd ann an Gnothach Pàrlamaideach gus cur ri cleachdadh.
  - c. Am feum a th' ann feum a thoirt à soidhnichean is faicsinneachd na Gàidhlig san fharsaingeachd san dà chànan gus barrachd tuigse air a' chànan a thoirt do luchd-tadhail dhan Phàrlamaid agus a bhith gan treòrachadh gu seirbheisean is fiosrachadh mun chànan.
  - d. Taic ri ath-bhreithneachadh air a' bhathar-chonaltraidh Ghàidhlig againn.
9. Tha mòran de na beachdan gan riochdachadh cheana ann an geallaidhean a' phlana againn. An dèidh sin, tha sinn a' moladh nan atharrachaidhean beaga a leanas air a' phlana Ghàidhlig air an aon rèir ris na beachdan a fhuair eadh air ais:
  - a. A' cur a-steach gealladh ùr mu faicsinneachd
  - b. Ag atharrachadh a' phrìomhachais a chuir sinn air luchd-obrach le bhith a' toirt libhrigeadh air adhart bliadhna.

**Faicsinneachd:**

Cuir a-steach an gealladh ùr a leanas:

1a	Dèan rannsachadh air dòighean a chuireas ri faicsinneachd nan soidhnichean san togalach mar dhòigh gus barrachd lèirsinn is tuigse air a' chànan a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus dhan fheadhainn gun Ghàidhlig. Dh'fhaodadh seo a bhith mar chòdan QR, postairean, ceangal-lìn no bileagan a bheir daoine gu barrachd fiosrachaidh.
----	---

**Luchd-obrach:**

Gluais an gealladh seo bho bhliadhna 2 sa phlana gu bliadhna 1 air sgàth a' chuideim a chaidh a chur air a' cheist le luchd-freagairt:

5	Leasaich ro-innleachd air an taobh a-staigh gus taic a chur ri luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach stèidheachadh buidheann-chòmhradh, a' cur taic ri luchd-ionnsachaidh Duolingo agus a leithid.
---	--

10. Thathar air sgrùdadh mionaideach air freagairtean a' cho-chomhairleachaidh ullachadh agus tha e ri fhaotainn air iarrtas. Thèid fhoillseachadh agus a sgaoileadh, gu Bòrd na Gàidhlig agus dhan fheadhainn a thug freagairt air a' cho-chomhairleachadh againn.